


Pàigheadh agus suidheachadh-obrach

Cha robh fios aig luchd-obrach na **ceilpe** dè na gheibheadh iad airson an cuid obrach. Bhiodh prìs na **ceilpe** ag atharrachadh agus le sin cha d' fhuair iad pàigheadh **cunbhalach**.



Mus tainig **Achd nan Croitearan** ann an 1886, bhiodh **uachdarain** a' cumail pàigheadh an **luchd-obrach** an dèidh dhaibh am **màl** a thoirt dhen phàigheadh.

Cha d' fhuair luchd-obrach na ceilpe sgillinn dhen airgead a choisinn iad ach bha fios is cinnt aca gun robh am màl aca air a phàigheadh.

Le **Achd nan Croitearan** fhuair **luchd-obrach** na ceilpe **teachd-a-steach** cinnteach agus **suidheachadh-obrach** na b' fheàrr. Thar ùine, fhuair **luchd-obrach** pàigheadh **cunbhalach** agus gu math na b' fhaide air adhart, nuair a bha làraidhean agus **innealradh** a-nis gan cleachdad, bhiodh companaidhean **feamainn** a' togail na feamad aig na diofar **làraich** far an robh i air a **giullachd**.

Bha prìs na **ceilpe** sònraichte math aig àm a' **Chogaidh Mhòir**, ach leis gun robh **aidhodain** ga dhèanamh ann an dùthchannan eile, cha robh iarrtas cho mòr air ceilp bhon Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan.

Cha d' fhuair an gnìomhachas seachad air seo oir bha a' mhòr-chuid de obair na feamad air a dhèanamh ann an àiteachan eile.

B' e an t-airgead a rinn iad ag obair air ceilp an aon **teachd-a-steach** a bha aig cuid de na teaghlaichean agus le sin thug e droch bhuaidh air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan nuair a thàinig **crionadh** air obair na **ceilpe**.

An-diugh bidh grunn ghnìomhachasan a' cleachdad feamainn airson biadh agus **cungaidhean-maise** a dhèanamh.

